

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleane@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleane@bbc.co.uk). This is Litir 446. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 142 corresponds to Litir 446.*

Lorg mi abairt an latha eile ann an leabhar sheanfhaclan. Tha i a’ buntainn air daoine air a bheil cus cabhaig. Tha uiread de chabhaig orra rudeigin a dhèanamh ’s nach eil iad ga dhèanamh cho math ’s a bu chòir. ’S ann à Siorrachd Pheairt a tha i: *Pruidh, deirist, a bhò riabhach! ’S fheàrrd thu buarach!* Tha e a’ ciallachadh “*Come, stand still, brindled cow! You would be the better of a fetter!* Pruidh, deirist, a bhò riabhach! ’S fheàrrd thu buarach!

Air an dearbh latha a leugh mi sin, thàinig mi tarsainn air sreath ghairmean a bhios daoine a’ cleachdadh nuair a tha iad ag èigheachd air beathaichean, agus ag iarraidh orra dhol gan ionnsaigh. Bha iad à Bàideanach. Ri bò, chanadh muinntir Bhàideanach “*Pruidh-dhè*”. Pruidh-dhè.

Chaidh mi gu faclair Dwelly agus bha e ann a sin ceart gu leòr. *Pruidh – call to cattle, cow or calf.* Bha *Pruidh-dhè* ann cuideachd, agus *pruidh-é* agus *pruidh-dhè bheag* a bharrachd air *pruidh seo* agus *pruigean*.

Tha e coltach gun deach na h-abairtean sin bho Ghàidhlig gu Albais no bho Albais gu Gàidhlig, oir tha am faclair Albais agam a’ toirt seo: *Prow, Pru, Prui, Prutchee, Ptru, Ptrui, Ptruch, Ptruchie* agus *Ptrumai* mar dhòighean airson a bhith a’ gairm air crodh – agus uaireannan air each no air eich.

’S e an sgoilear Gàidhlig, Alasdair MacBheathain, a sgrìobh am pàipear mu abairtean à Bàideanach – oir ’s ann à Bàideanach a bha e fhèin. Agus thuirt e rudeigin inntinneach mun fhacal a chleachdadh iad airson a bhith a’ gairm air each. Chanadh iad “*progaidh*”. Progaidh. Thuirt MacBheathain gur ann bhon Albais a thàinig sin don Ghàidhlig, ach gur ann bhon Fhraingis a bha e bho thùs – bho *approchez*.

Cha chreid mi nach eil barrachd sa chumantas eadar a’ Ghàidhlig agus Albais na tha sinn ag aideachadh aig amannan. Bidh sibh eòlach, ’s dòcha, air an fhacal a chleachdas daoine airson bruidhinn ri caora no uan – *ciridh*. ’S ann tric a chuala mi muinntir na Comraich ag èigheachd “*Ciridh, ciridh, ciridh!*” ri caoraich nuair a bha mi òg. Uill, chaidh mi don fhaclair Albais agus bha am facal *K-e-e-r-i-e* ann – *Keerie* — *a call to a lamb or sheep*.

Tha cuid de na gairmean eadar-nàiseanta. Mar eisimpleir, *puisidh* airson bruidhinn ri cat, agus *diug* no *diugaidh* airson labhairt ri cearc. Ach bha abairt inntinneach eile aig MacBheathain airson bruidhinn ri cat no piseag – ’s e sin *stididh* – no uaireannan *tididh* no *stidean* no *stidean*. Bha e fhèin dhen bheachd gun tàinig iad sin bho Albais gu Gàidhlig oir tha *cheet* no *cheetie* ann an Albais a’ ciallachadh cat no piseag. Anns an t-seann Bheurla bha *chit* a’ ciallachadh beathach òg no piseag agus cluinnear *kit* fhathast airson cuilean sionnaich ann am Beurla.

Ach dè chanas sinn ri cù? Uill, tha facal agam a bhios mi ag èigheachd ris a' chù agam agus bidh e an-còmhnaidh a' tighinn thugam. Nise, feumaidh mi ràdh nach eil Beurla aig a' chù agam ann. 'S e cù Gàidhealach a th' ann agus 's e abairtean Gàidhlig an aon fheadhainn air a bheil e eòlach. Mholainn sin do dhuine sam bith agaibh a tha a' beachdachadh air cuilean fhaighinn. Cùm Gàidhlig ris. Cha leig thu leas ach beagan abairtean ionnsachadh, agus tha e uabhasach math airson a bhith a' toirt air clann, aig nach eil ach Beurla, beagan Gàidhlig fheuchainn.

Agus an cù agamsa? Dè dh'èigheas mi ris a bheir e air ais thugam nuair a tha e a' ruith sa phàirc? Dè th' ann ach "Briosgaid!"

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Siorrachd Pheairt: *Perthshire*; Bàideanach: *Badenoch*; pruidh-dhè: *call to a cow*; Albais: *Scots (language)*; Alasdair MacBheathain: *Alexander Macbain*; progaidh: *call to a horse*; ciridh: *call to a sheep or lamb*; puisidh, stididh: *call to a cat*; diug, diugaidh: *call to a hen*; piseag: *kitten*; briosgaid: *biscuit*.

**Abairtean na Litreach:** ann an leabhar sheanfhaclan: *in a book of proverbs*; a' buntainn air daoine air a bheil cus cabhaig: *it concerns people who are in too much of a rush*; tha uiread de chabhaig orra: *they are in so much of a hurry*; thàinig mi tarsainn air sreath ghairmean: *I came across a series of calls*; dhol gan ionnsaigh: *to go towards them*; airson a bhith a' gairm air crodh: *for calling cattle*; bho thùs: *originally*; cha chreid mi nach eil barrachd sa chumantas eadar X agus Y: *I reckon that X and Y have more in common*; muinntir na Comraich: *the people of Applectross*; cuilean sionnaich: *fox cub*; bidh e an-còmhnaidh a' tighinn thugam: *he always comes to me*; an aon fheadhainn air a bheil e eòlach: *the only ones he knows*; mholainn sin do dhuine sam bith agaibh a tha a' beachdachadh air cuilean fhaighinn: *I'd recommend that to anyone among you who is thinking of getting a puppy*; cùm Gàidhlig ris: *speak [keep] Gaelic to him*; cha leig thu leas ach beagan abairtean ionnsachadh: *you only need to learn a few phrases*; airson a bhith a' toirt air clann, aig nach eil ach Beurla, beagan Gàidhlig fheuchainn: *to make children, who only speak English, try a little Gaelic*; dè dh'èigheas mi ris a bheir e air ais thugam?: *what do I shout to him that brings him back to me?*; a' ruith sa phàirc: *running in the park*.

**Puing-chànain na Litreach:** The point I make in the Litir about using only Gaelic with your dog, even if you're a learner, is deadly serious. It is a wonderful way of raising awareness in the community, of teaching basic Gaelic to children in a situation that they really enjoy and, of course, of encouraging the use of the language in your household. Here are the basic commands I use (and which I supply – with attached phonetic guide – to the kennels when he goes for a "holiday"): **Suidhe** [SOO-ee] *sit*; **Trobhad** [TROE-ut] *come to me*; **Fuirich** [FOOR-ich] *stay/don't move*; **Thig** [heek] *come with me*; **Laigh** [lie] *lie down*; **Cù math** [Koo MAH] *good dog*; **Biadh** [BEE-ugh] *food*; **Cuairt** [KOO-ursth] *walkies*; **Sìos** [SHEE-us] *(get) down*; **Suas** [SOO-uss] *(jump) up*; **Spòg** [spawk] *(give me your) paw*; and, of course, **Briosgaid!** [BRISK-utch] *come to me – I have a treat for you!*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** 'S fheàirrd thu buarach!: *you would be the better of a fetter*. 'S fheàirrd thu beagan fois – *you would be the better of a little rest*.

\* Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.